

# Litir do Luchd-Ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

*Each week the **West Highland Free Press** publishes the text for Roddy Maclean's "Letter to Gaelic Learners" which is broadcast at approximately 1150 every Friday morning on **BBC Radio nan Gaidheal (103-105 FM)**\**

Bidh cuimhn' agaibh gu robh mi a-mach air tòimhseachain Ghàidhlig an t-seachdainn 's a chaidh, agus gun tug mi fear dhuibh airson smaoineachadh air. Agus seo e a-rithist airson a chur nur cuimhne:

Chaidh biadh gu dithis  
Aig ceann Loch Maruibh'.  
Dh'ith am biadh an dithis,  
'S chaidh am biadh dhachaigh a-rithist.

Uill 's e a bh'ann anns a' bhiadh – cat fiadhaich a chaidh a ghlacadh le iolaire, iolaire mhòr. Bha nead aig an iolaire – gu h-àrd anns na creagan aig ceann Loch Maruibh', ann an Ros an Iar. Agus anns an nead bha dà phùdach, neo isean. B'e sin an "dithis". Co-dhiù, nuair a chuir an iolaire mhòr an cat anns an nead, bha an cat gun mhothachadh. Bha coltas air mar gu robh e marbh. Agus dh'fhalbh an iolaire a dh'iarraidh biadh eile. Ach cha robh an cat marbh idir. Agus mus do rinn na h-iseanan acrach càil, thàinig an cat thuige. Mharbh e na h-iseanan, agus dh'ith e iad. Agus as dèidh sin, mus do thill an iolaire mhòr, theich an cat. Chaidh e sìos na creagan agus air ais dhachaigh.

Uill, tha e simplidh gu leòr, nach eil? Ach tha mi'n dòchas nach do chuir e cus dragh oirbh thairis air an t-seachdainn a dh'fhalbh, agus sibh a' smaoineachadh air fad an t-siubhail! Anns na mìosan romhainn, bho àm gu àm, bheir mi tòimhseachain eile dhuibh, agus ma tha gin agaibh fhèin a bu toil leibh a chur thugam, bhithinn uabhasach toilichte am faighinn. Gheibh sibh an seòladh an cois teacs na litreach ann am Paipear Beag an Eilein Sgitheanaich an t-seachdainn-sa.

Ach air ais don iolaire. Tha trì seòrsaichean de iolaire againn ann an Alba. Mar is trice, ma chanas sinn dìreach "iolaire", 's i an iolaire-bhuidhe, neo *golden eagle*, a tha sinn a' ciallachadh. Agus a bharrachd air "iolaire-bhuidhe" tha ainm eile ann air a son – an "iolaire-mhonaidh" air sgàth 's gum bi i, mar is trice, anns a' mhonadh, neo anns an adhar os cionn a' mhonaidh, seach aig a' chladach.

Ged a tha an iolaire-bhuidhe brèagha gun teagamh, tha t'eile ann a tha nas motha – an "iolaire-mhara" neo *sea eagle*. Bidh fios agaibh uile, tha mi cinnteach, gun deach an t-eun mòr seo à bith ann an Alba, ged a chaidh a stèidheachadh a-rithist air taobh siar na Gàidhealtachd o chionn beagan bhliadhnaichean. Bidh a h-earball geal nuair a dh'fhàsas i sean gu leòr, agus 's ann air sgàth sin a thathar cuideachd a' gabhail *white-tailed eagle* oirre ann am Beurla. Airson an dearbh adhbhair, canaidh sin "iolaire-bhàn" rithe uaireannan ann an Gàidhlig.

Agus air sgàth 's gum faic sinn gu tric faisg air a' chladach i, 's e "iolaire-chladaich" ainm eile oirre ann an Gàidhlig. Agus, co-dhiù ann am bàrdachd, chaidh a h-ainmeachadh mar "iolaire-sùil-na-grèine" – ainm snog dha-rìridh.

Ach dè an treas iolaire a th'againn ann an Alba? Uill 's e sin an seòrsa ris an canar *osprey* ann am Beurla. Ann an Gàidhlig 's e "iolaire-iasgaich" a th'oirre, leis gur ann le bhith ag iasgach a ghlacas i biadh. Neo canaidh cuid "iolaire-uisge" rithe leis gum bi i a' fuireach faisg air lochan-uisge, a' neadachadh ann an seann chraobhan.

Mar sin dè an seòrsa iolaire a ghlac an cat fiadhaich anns an tòimhseachan? Iolaire-mhara? Cuimhnichibh gu robh iad uaireigin pailt ann an Ros an Iar. Iolaire-uisge a chunnaic cat fhad 's a bha i a' sealg os cionn an locha? Chanainn fhèin gur e iolaire-bhuidhe as coltaiche leis gu robh i a' sealg ann am monadh far am biodh cait a' fuireach. Agus bhiodh e fìor ri ràdh gur e iolaire mhi-fhortanach a bh'innte leis gun do chaill i a h-àl. Chun na h-ath sheachdainn....

\* \* \*

**Faclan na seachdainne:** cat fiadhaich: *wild cat*; pùdach, isean: *young bird, chick*; acrach: *hungry*; adhar: *sky*; earball, a h-earball: *tail, its (her) tail*; lochan-uisge: *freshwater lochs*; a' neadachadh: *nesting*; uaireigin: *at one time*; pailt: *plentiful*; a' sealg: *hunting*; cait: *cats*; àl, a h-àl: *offspring, her offspring*.

**Abairtean na seachdainne:** gu robh mi a-mach air: *that I was on about*; a chaidh a ghlacadh le: *that was caught by*; gun mhothachadh: *unconscious*; bha coltas air mar gu robh e marbh: *it (he) looked as if it was dead*; dh'fhalbh an iolaire a dh'iarraidh biadh eile: *the eagle left to seek other food*; thàinig e thuige: *it (he) recovered consciousness*; bhithinn uabhasach toilichte am faighinn: *I would be delighted to receive them*; an cois teacs na litreach: *accompanying the text of the letter*; mar is trice: *usually*; seach aig a' chladach: *rather than at the shore*; beagan bhliadhnaichean: *a few years*; air sgàth sin: *because of that*; canaidh cuid X rithe: *some call it (her) X*; as coltaiche: *most likely*.

**Puing ghràmair na seachdainne:** Paipear Beag an Eilein Sgitheanaich: *the little Skye paper ie this very august publication known in the other language as the West Highland Free Press! In the "normal" nominative case, Skye is an t-Eilean Sgitheanach. This, however, is the genitive case ie "of Skye". Both the masculine noun (eilean) and its accompanying adjective (Sgitheanach) are slenderised as is normal in the genitive, so we get an Eilein Sgitheanaich. Note that the initial "t" is dropped and note also the change in pronunciation. In the dative case eg "on Skye" we get anns an Eilean Sgitheanach. This is not slenderised, but the initial "t" disappears again. Look through the letter for other examples of slenderised words which are in the genitive case eg a' mhonaidh, chladaich. Why are these words in the genitive?*

**Gnàths-cainnt na seachdainne:** Fad an t-siubhail: *all the time. (Lit. "all the journey"). This is a common expression although one also hears fad na h-ùine and fad na tìde which mean effectively the same thing.*

**If you have any Gaelic riddles you would like to send to Roddy, he would be pleased to hear from you. Please write to him at BBC, 7 Culduthel Road, Inverness IV2 4AD or at [roddy.maclean@bbc.co.uk](mailto:roddy.maclean@bbc.co.uk)**

\* "Litir do Luchd-Ionnsachaidh" is funded by Comataidh Craolaidh Gàidhlig